

Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd
Press Release



Please scroll down for English Version

OCHD BUIDHNEAN POBLACH A' DEISEALACHADH PLANAICHEAN GÀIDHLIG

18 An Gearran 2009

Dh'fhoillsich Bòrd na Gàidhlig, a' phriomh bhuidheann poblach le uallach airson leasachadh na Gàidhlig ann an Alba, gu bheil ochd buidhnean poblach eile a-nis a' deisealachadh Planaichean Gàidhlig, an dèidh dhaibh fios fhaighinn fo Achd na Gàidhlig (2005) gu robhas 'gan comharrachadh airson sin a dhèanamh. Tro bhith a' cur air adhart a leithid de phlanaichean, tha buidhnean poblach a' dearbhadh mar a leudaicheas iad cleachdad na Gàidhlig agus a' mìneachadh ciamar a lìbhrigeas iad na seirbhisean aca tron Ghàidhlig.

Chaidh coinneamh a chumail an Inbhir Nis le na buidhnean ùra a thoirt cùisean air adhart agus tha Bòrd na Gàidhlig an dràsta a' coinneachadh ri Àrd-oifigearan nam buidhnean a shoillearachadh cùisean fa-leth. Bu chòir do na buidhnean seo a bhith a' cur air adhart an cuid phlanaichean gu foirmeil gu Bòrd na Gàidhlig airson an aontachadh ro Samhain 30, 2009.

Tha na buidhnean a leanas a-nis a' deisealachadh phlanaichean: Aiseagan ChalMac (CalMac), Stòras Mara Chaledonia (CMAL), NHS Eileanan Siar, NHS Gàidhealtachd, Dualchas Nàdair na h-Alba (SNH), VistScotland, Ùghdarrings nan Croitearan, agus Coimsiean na Coilltearachd.

A' cur fàilte air an naidheachd, thuirt am Ministear le uallach airson na Gàidhlig, Mìcheil Russell: "Tha a bhith a' deisealachadh agus a' cur an-sàs phlanaichean Gàidhlig air leth cudromach ann a bhith a' brosnachadh agus a' misneachadh a' chànan. Tha a' Ghàidhlig 'na pàirt fior dheatamach de chultar ùr-nò agus traidsanta na h-Alba, agus bidh mi fhèin a' gabhail ùidh gu math mionaideach anns na cùisean seo mar a tha Bòrd na Gàidhlig ag obair còmhla ri buidhnean agus ùghdarrasan feuch an gabh barrachd cothrom a thairgse do dhaoine a bhith a' cleachdad na Gàidhlig 'nan saoghal fhèin. Tha mòran aig raon farsainn de bhuidhnean ri chur ri brosnachadh na Gàidhlig to chleachdad, ionnsachadh agus inbhe a thoirt dhan chànan. Tha tòrr dhen obair sin stèidhichte air na Planaichean Gàidhlig. Tha fiughar agam ri barrachd bhuidhnean a dhol an-sàs anns an obair seo, mar a chì iad càch a' soirbheachadh."

Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd
Press Release



Thuirt Rosemary Nic a' Bhàird, Ceannard an Gniomh Bhòrd na Gàidhlig, "Tha Planaichean Gàidhlig fior chudromach ann a bhith a' lìbhrigèadh Achd na Gàidhlig agus ann a bhith a' cur air adhart a' Phlana Nàiseanta airson Gàidhlig, ach an tèid againn air status na Gàidhlig a bhuinnig an Alba. Tha pàirt air leth cudromach aig buidhnean leithid VisitScotland ann a bhith a' coileanadh rùintean a' Bhùird agus an Riaghaltas a thaobh na Gàidhlig, agus tha sinn a' coimhead air adhart le deagh-rùn airson a bhith ag obair gu dlùth còmhla. Tha e cuideachd cudromach gum bi na buidhnean seo an coluadar le chèile agus le Bòrd na Gàidhlig mun dòigh air adhart agus mar a tha dol leotha ann a bhith a' deisealachadh agus a' lìbhrigeadh an cuid phlanaichean. Tha na buidhnean seo leithid CalMac agus VisitScotland air leth cudromach ann an seadh eaconamach air feadh Alba, agus tha an luib sin dleastanas, agus bu chòir uallach a bhith orra a thaobh a bhith a' cur ri cor na Gàidhlig air feadh na dùthcha. Tha mi air leth toilichte leis an adhartas a tha sinn a' dèanamh thuige seo agus ni sinn ar uile dìcheall aig a' Bhòrd na buidhnean a chuideachadh gus èire chothromach de chleachdadhbh na Gàidhlig a ruigheachd ach an tèid againn air tuilleadh adhartais a dhèanamh còmhla."

Tha Bòrd na Gàidhlig cuideachd air mion-làrach a stèidheachadh air an làrach-lin aca fhèin a bheir an cothrom do bhuidhnean a tha an-sàs anns an obair seo a bhith a' ceangal ri chèile agus a bhith ag obair còmhla air planaichean.

Ann a bhith a' deisealachadh Phlanaichean Gàidhlig fon Achd, bidh buidhnean poblach gan stiùireadh le Plana Nàiseanta na Gàidhlig agus an Stiùir a dheasaich am Bòrd air an deisealachadh sin. Tha am Plana Nàiseanta a' moladh structar agus poileasaidh airson leasachadh ro-innleachdail na Gàidhlig ann an Alba agus tha an Stiùireadh a' moladh mar bu chòir Planaichean Gàidhlig a chruthachadh. Bu chòir do na Planaichean sin a bhith a' mìneachadh ciamar a tha buidhnean an dùil Gàidhlig a chleachdadhbh an co-cheangal ri an cuid-obrach tro fhoillseachadh, fèin-aithnne, luchd-obrach is eile, agus ciamar as urrainnear taic a chumail ri Gàidhlig tro lìbhrigeadh sheirbhisean.

Tha tuilleadh fiosrachaiddh mu Achd na Gàidhlig (2005) agus Planaichean Gàidhlig ri fhaotainn aig <<http://www.bord-na-gaidhlig.org.uk>> www.bord-na-gaidhlig.org.uk

Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd
Press Release



ANOTHER EIGHT ORGANISATIONS DEVELOPING GAELIC PLANS

18 February 2009

Bòrd na Gàidhlig, the principal public body in Scotland responsible for promoting Gaelic development, has confirmed that another eight public authorities are now preparing Gaelic Plans, having received formal notification under provisions of the Gaelic Language (Scotland) Act 2005, asking them to prepare a Gaelic Language Plan. Production of Gaelic Plans enables public bodies to make clear commitments about enhancing their use of Gaelic and detail the circumstances in which they will offer their services through Gaelic. A seminar to discuss the organisations' progress has been held in Inverness to take the planning forward and Bòrd na Gàidhlig is currently meeting the Chief Executives of the organisations concerned to discuss the shape of their individual Plans. The newly notified Plans are due to be submitted to Bòrd na Gàidhlig by November 30, 2009 for subsequent approval.

The authorities which have joined the list of those preparing Gaelic Plans are: CalMac Ferries Ltd (CalMac), Caledonian Maritime Assets Limited (CMAL), NHS Western Isles, NHS Highland, Scottish Natural Heritage, VisitScotland, the Crofters Commission and the Forestry Commission. Welcoming the news of more organisations developing Gaelic plans, Minister for Gaelic Michael Russell said: "The preparation and implementation of Gaelic plans is vital to the promotion and increased use of the language. Gaelic is an essential part of Scotland's traditional and modern culture, and I will be taking a close interest as Bòrd na Gàidhlig works closely with agencies and authorities to create more and more opportunities for Gaelic speakers to use Gaelic in everyday life. Many organisations have much to contribute to promoting the use, learning and status of Gaelic and some great work is being done through their Gaelic Plans. I look forward to others building on this success as they prepare their own Plans."

Rosemary Ward, Acting Chief Executive of Bòrd na Gàidhlig said: "Gaelic Language Plans are an important component in implementing the Gaelic Language (Scotland) Act 2005 and in delivering the National Plan for Gaelic, to secure the status of Gaelic in Scotland. Agencies such as VisitScotland have a vital role to play in helping to deliver the Scottish Government's and Bòrd na Gàidhlig's vision for Gaelic, and we look forward to working closely with all of them in the development of their Gaelic Language Plans. We are also keen that public authorities engaged in implementing or developing a Gaelic Language Plan share their experience to help inform the process. Companies and agencies such as CalMac and VisitScotland, who have a key role to play in sustaining economies throughout Scotland also have a clear role to play in supporting and developing a sustainable future for Gaelic in

Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd
Press Release



Scotland. I am delighted with the progress we are making and the Bòrd will assist all the organisations to reach a satisfactory level of Gaelic usage to enable us to go forward together." Bòrd na Gàidhlig is setting up a dedicated sub-site on its own website to enable discussion and information-sharing between organisations working on or implementing Gaelic plans. In preparing statutory Gaelic Language Plans, public authorities take as a point of reference the National Plan for Gaelic and Bòrd na Gàidhlig's Guidance on the Development of Gaelic Language Plans. The National Plan provides a policy framework for the strategic development of Gaelic in Scotland and the Guidance gives detailed advice on the recommended structure and content of Gaelic Language Plans. Gaelic Language Plans should set out how bodies propose to use Gaelic in relation to their identity, communications, publications and staffing, and how Gaelic development will be supported through the delivery of their core policy functions. The 2005 Act, National Plan for Gaelic and Guidance on the Development of Gaelic Language Plans can be found on <<http://www.bord-na-gaidhlig.org.uk>> www.bord-na-gaidhlig.org.uk